

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted at rodny.maclea@bbc.co.uk * This is Litir 352. Note that Roddy also broadcasts a simplified version – An Litir Bheag – on Monday evenings at 7.00 pm. This is also available on the BBC website. Litir Bheag 48 corresponds to Litir 352.*

Lorg mi seann leabhar iongantach ann an leabharlann o chionn ghoirid. Tha e air a sgrìobhadh ann am Beurla ach tha e mu dheidhinn dualchas na Gàidhlig. Bha an t-ùghdar a’ feuchainn ri dearbhadh gu robh, ’s dòcha, barrachd buaidh aig a’ Ghàidhlig air cànanan Eòrpach eile na bha fìor. ’S e an tiotal a th’ air an leabhar *The Gaelic Etymology of the Languages of Western Europe and more especially of the English and Lowland Scotch and of their slang, cant and colloquial dialects*. Chan e tiotal goirid a th’ ann co-dhiù!

B’ e an t-ùghdar Teàrlach MacAoidh. Bha e na bhall de Chomann Rìoghail Luchd-àrsaidheachd na Danmhairg. Agus is cinnteach gu robh ùidh mhòr aige sa Ghàidhlig. Airson tomhas a dhèanamh air na beachdan aige, tha mi a’ dol a thoirt sùil air cuid de na faclan Beurla anns an leabhar aige a tha a’ tòiseachadh le “b”.

Tòisicheamaid le *bastard* no neach dìolain. Tha am facal Beurla a’ tighinn bhon Fhraingis *batard*, agus tha a’ chuid as motha de eòlaichean dhen bheachd gu bheil sin a’ tighinn bhon fhreumh *bast*, a tha a’ ciallachadh “dìollaid”. Tha e a’ nochdadh anns an abairt *filz de bast* – mac a chaidh a ghineadh nuair a bha athair air falbh bho dhachaigh air each.

Ach **dè beachd Theàrlaich MhicAoidh air a’ ghnòthach?** Uill, tha esan ag ràdh gun deach e don Fhraingis bho na Ceiltich, agus gun robh *bast* a’ riochdachadh an fhacail *baos* ann an Gàidhlig.

’S e an ath fhacal aig MacAoidh *baste* – a’ ciallachadh mar a chuireas còcaire lionn thairis air feòil nuair a tha e ga còcaireachd. Tha MacAoidh dhen bheachd gun tàinig sin à *baist*, *baisteadh* ann an Gàidhlig. Às dèidh sin tha *Bastille* aige – am prìosan ann am Paris a chaidh a sgrìos leis an t-sluagh aig toiseach Ar-a-mach na Frainge. Tha e coltach gun robh e air ainmeachadh airson an àite anns an deach a thogail. Bha an t-àite sin na bhoglach.

A bheil an t-ainm mar sin ceangailte ri *baisteadh*? Uill, tha na sgoilearan a’ cumail a-mach gun tàinig an seann fhacal Frangach *bastile* bho fhreumh Gearmailteach, a’ ciallachadh “togail”. Ach tha ar caraid Gàidhealach a’ cur air adhart mìneachadh eile. Sgrìobh MacAoidh gu robh e a’ tighinn bhon Ghàidhlig *bàs* agus *tiodhlaic* – *bàs-tiodhlaic* – oir, gu dearbh, ’s e sin a bha a’ tachairt gu tric am

broinn ballachan a' phrìosain. Is iomadh duine a fhuair bàs ann agus a bh' air a thiodhlacadh às dèidh làimh.

Tha sin gam thoirt gu *bauble*. San latha an-diugh, bidh daoine a' smaoinichadh air *bauble* mar dhèideag bheag air nach eil luach mòr sam bith. Ach gu h-eachdraidheil bha e a' ciallachadh "maide aig amadan cùirte". Thàinig *bauble* don Bheurla bhon Fhraingis, bhon fhacal *baubel* ach chan eil daoine cinnteach dè an rathad a ghabh e a-steach don Fhraingis.

Tha MacAoidh ag ràdh gun tàinig e bhon Ghàidhlig *bà*, "a fool", agus *ball*, "an instrument". *Bà-ball* – *bauble*. Mmm. Chan eil mi cho cinnteach. Ach 's e an rud a tha math mu dheidhinn leabhraichean mar seo **gu bheil iad a' toirt oirnn smaoinichadh** air tùs fhaclan. Agus dhuibhse a tha measail air coin, bheir sinn sùil air *beagle* an ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: ùghdar: *author*; Teàrlach MacAoidh: *Charles Mackay*; tòisicheamaid: *let us begin*; dìolain: *illegitimate (eg child)*; freumh: *root*; dìollaid: *saddle*; baos: *fornication*; ar-a-mach: *revolution*; boglach: *swamp*; tiodhlaic: *bury*; gu h-eachdraidheil: *historically*.

Abairtean na Litreach: a' feuchainn ri dearbhadh: *trying to prove*; gu robh barrachd buaidh aig a' Ghàidhlig air cànanan Eòrpach eile: *that Gaelic had more influence on other European languages*; Comann Rìoghail Luchd-àrsaidheachd na Danmhairg: *The Royal Society of Antiquaries of Denmark*; airson tomhas a dhèanamh air na beachdan aige: *to assess his opinions*; mac a chaidh a ghineadh: *a son who was conceived*; a' riochdachadh an fhacail: *representing the word*; mar a chuireas còcaire lionn thairis air feòil: *how a cook puts a liquid over meat*; a chaidh a sgrios leis an t-sluagh: *which was destroyed by the populace*; airson an àite anns an deach a thogail: *for the place in which it was built*; am broinn ballachan a' phrìosain: *inside the walls of the prison*; is iomadh duine a fhuair bàs ann: *many a man died in it*; dèideag bheag air nach eil luach mòr sam bith: *a small toy which is not very valuable*; maide aig amadan cùirte: *a court jester's stick*; dè an rathad a ghabh e a-steach don Fhraingis: *what route it took into French*; dhuibhse a tha measail air coin: *for those of you who are keen on dogs*.

Puing-chànain na Litreach: **dè beachd Theàrlaich MhicAoidh** (air a' ghnothach)? : *what is Charles Mackay's opinion (of [on] the matter)? Note that there are two ways of tackling this type of phrase – I could also have said dè am beachd a th' aig Teàrlach MacAoidh, using the man's name in the dative, not in the genitive, but putting the article in before beachd. Similarly, we might say for "what is Ishbel's opinion?", dè beachd Iseabail? or dè am beachd a th' aig Iseabail? Also: "what is the others' opinion?" – dè beachd chàich? (indefinite, càch in genitive) or dè am beachd a th' aig càch? (definite, càch in dative). You can often avoid using the genitive in this way, but try to master such phraseology – it will sound more like you have a natural command of the language.*

Gnàths-cainnt na Litreach: **gu bheil iad a' toirt oirnn smaoinichadh** (air tùs fhaclan): *that they make us think (about the origin of words).*

** Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.*